

Seillean-mòr



LUSAN SA GHÀRRADH DO SHEILLEIN-MHÒRA

As t-earrach is toiseach an t-samhraidh

Fraoch gearhraidh
Craobh-raosan dhìtheanach
Seilleach
Lus an sgamhain
Pieris
Geanais
Ròs-chraobh
Craobh-shice
Craobh-mhalpais
Teanga-mhìn bhuidhe
Meacan-dubh fiadhain
Gorman
Biolar
Bealaidh

Samhradh

Subh-craoibhe
Smeurag
Ròs fiadhaich
Lus an rìgh
Sàiste
Lus Marsailidh
Labhandair
Blàth an t-seilich
Creachdach
Seamrag
Fiatghalan
Ponair leathann
Lus nam ban-sìthe
Grafann nan clach
Uilleann
Preas nan dealain-dè
Deanntagan
Mùireach
Creamh-ghàrraidh
Lus a' chalmain

Deireadh an t-samhraidh agus as t-fhoghar

Barraist
Lus na deighe
Lus nan sgor
Fuath a' mhadaidh
Lus an t-sneachda
Biolair
Meas an tuirc-coille

AINMEAN SHEILLEAN

Ainmean Albannach:

Bummer, bumbee, bummiebee, bummie, bombard – the “bum” a’ ciallachadh “srannan”
Droner – air sgath an fhuaim aca
Baker-bee, dusty miller – airson an t-seillein dhonn oir saoilidh tu gu bheil còta donn air mar a chleachd a bhith air bèicear
Foggie-toddler – foggie-bee, foggie-bummer agus toddler-tyke – tha “fog” a’ ciallachadh còinneach no feur ann an Albais agus tha “toddler” a’ ciallachadh a bhith a’ gluasad gu socair le fuaim beag

Ainm Gàidhlig:

Seillean-mòr

Ainm Laideann:

Bombus psithyrus

Tha “bombus” a’ ciallachadh “fuaim” agus tha psithyrus a’ ciallachadh “srannail” am fuaim a bhios iad a’ dèanamh a’ sgèith

OBAIR A-MUIGH

Tha gàrraidhean cudromach do SHEILLEIN-MHÒRA.

Tàlaidhidh gàrradh le mòran dhìtheanan 6 seòrsaichean no barrachd sa mhòr-chuid de dh'àitean an Alba.

Faighnich dhan choimhearsnachd am faod thu fhèin is na sgoilearan coiseachd timcheall nan gàrraidhean aca.

Tadhail air gàrradh dhìtheanan agus coimhead airson seillein-mhòra.

Dè tha iad a’ dèanamh?

Seall gu dlùth air na seillein ach am faic thu dè an dath agus cia mheud srianag a th’ orra.

’S dòcha gum fuirich cuid de sheillein ag ithe gu stòlda air dìthean agus faigh thu coimhead orra. A bheil sgath poilean steigte air an cuirp?

Am faca tu basgaidean poilean air an casan deiridh?

Cia mheud seòrsa seillein a chunnaic thu?

Coimhead gu math air na dìtheanan air an robh na seillein.

Saoil càit a bheil an neactar air a stòradh. A bheil feum aig seillein air teanga fhada?

An lorg thu dìtheanan le tòrr poilean?

Am faca tu biastagan eile? Càit an robh iad agus dè bha iad a’ dèanamh?

(’S dòcha gun tèid agad air dìtheanan freagarrach a thòirt às a chèile agus leigeil leis a’ chloinn blas an neactair fheuchainn. (Dèan cinnteach an toiseach nach dèan e cron air duine). Ma tha maicreasgop san sgoil, faodar sìol poilean bho dhiofar dhìtheanan a chrathadh air sleamhnag a’ mhaicreasgop).


Cùm Seillein an Alba

O chionn ceud bliadhna bha an **Seillean-mòr Buidhe** ann an iomadh àite ann am Breatainn. An-diugh chan eil e ach ann an corra àite an Alba.

Glè thric, chaidh na h-achaidhean dhìthean sam bi e beò a dhìon bho cheimigeagan is cus ìonaltraidh.

Chan e dìreach an **Seillean-mòr Buidhe** a chaidh à bith ann an iomadh àite. Chaidh seillein eile is iomadh biastag eile à bith cuideachd.

Ach le bhith a’ riaghladh barrachd phìosan talmhainn le bith-iomadachd is glèidhteachas san amharc, broснаichidh sinn seillein is biastagan eile gu bhith a’ tilleadh dha na h-àitichean sin. Feumaidh seillein-mhòra is biastagan eile dìtheanan fiadhaich agus dìtheanan gàrraidh traidiseanta sa bheil tòrr meala no poilean.



Further planting ideas

Tuilleadh ri chur! Tha 5 bliagan aig SNH:

Gàrradh do bheatha – tadhailidh gu leòr

Gàrradh do dhealain-dè – tadhailidh gu leòr

Gàrradh do dh’èoin – tadhailidh gu leòr

Gàrradh le poitean is soithichean – tadhailidh gu leòr

Gàrradh airson biadh – faigh eòlas air fiadh-bheatha

speciesaction
FRAMEWORK



Tha duilleag fiosrachaidh a’ dol leis a’ phostair seo agus tha duilleagan is postairean eile ann a tha a’ dol leis an t-sreath ‘Mu dheidhinn’. Luchdaich duilleag fiosrachaidh a-nuas bho www.snh.org.uk/pdfs/education/bee.pdf no cuir fios gu SNH, Battleby, Redgorton, Peairt, PH1 3EW

Dealbh aghaidh le Laurie Campbell, Dealbhan eile le John Tasker
Sgrìobhte le Liz Balharry is Pat Thornton,
The Educational Resource Partnership, Inbhir Nis.
www.educationalresourcepartnership.co.uk